

6 LIDEAN GUN BHEUM

Gheibhear dà ghnè de lidean gun bheum :

(a) lidean a tha gun bheum gu h-in-ghnèitheach¹⁰²⁸, mar a gheibhear san alt¹⁰²⁹, ann am mion-fhaclan¹⁰³⁰, ann an roimhearan sìmplidh, ann an cuid de naisgearan, agus sna h-earrainnean gun bheum de dh'fhaclan dà-lideach agus ioma-lideach

(b) lidean a tha gun bheum gu suidheachail¹⁰³¹. 'S iad seo riochdan lùghdaichte de lidean le beum, a tha air am beum a chall ann an cuid de dh'àrainneachdan.

Gheibhear lidean gun bheum sna suidhichidhean a leanas :

- (i) Ann am faclan gun bheum.
- (ii) Ron lide le beum ann am faclan le beum.
- (iii) An dèidh an lide le beum ann am faclan le beum.

Tha structar lidean gun bheum nas sìmplidh na am fear a gheibhear ann an lidean le beum : chan eil os-teasganaich cainneachd no srònachd¹⁰³² ann, agus tha àireamh nas lugha ann de chòmhlain chonsan

6.1 (a) Lidean a tha gun bheum gu h-in-ghnèitheach¹⁰³³

6.1.1 (i) Faclan neo-leicseachail¹⁰³⁴

(i) Ann am faclan neo-leicseachail a tha gun bheum gu h-in-ghnèitheach¹⁰³⁵, agus anns na riochdan gun bheum de dh'fhaclan neo-leicseachail a dh'fhaodas beum a bhith orra fo chuid de chumhachan¹⁰³⁶ (gu sònraichte riochdairean agus roimhearan ; faic § 2.4.2 airson tuilleadh beachdachaidh air an seo). Tha an cur-ri-chèile fòineimeach a gheibhear air na faclan seo (an t-

¹⁰²⁸ inherently unstressed

¹⁰²⁹ article

¹⁰³⁰ particles

¹⁰³¹ positionally unstressed

¹⁰³² suprasegmentals of quantity or nasality

¹⁰³³ inherently unstressed

¹⁰³⁴ non-lexical

¹⁰³⁵ non-lexical words that are inherently unstressed

alt, mion-fhaclan, riochdairean, roimhear an agus naisgearan) gu math simplidh, agus chithear an structar fòineimeach aig sampall aca san liosta a leanas :

/a/ e riochd. ; /ax/ *ach* nr. ; /aŋx/ *ann an* roi. ; /as/ *anns* roi. ron alt¹⁰³⁷ ; /as/ *às* roi. ; /at'/ *iad* riochd. ; /xa/ *cha* mion-fhacal àich. ; /fa/ *fa* roi. ; /a/, /ta/, /ya/ *ga* etc. roimhear ro ro-sheilbheach¹⁰³⁸ ; /ta/ *da*, /ya/ *dha*, bt. ‘do’ roi. ; /tan/ *dan*, /yan/ *dhan*, bt. ‘don’ roi. ron alt ; /kat/, /yat/ *ged* nr. ; /ma/ *mu* roi. ; /man/ *mun* roi. ron alt ; /ma/ *mu* nr. ; /mar/, /marx/, /manx/, *mur* nr. ; /mas/ *mus* nr. ; /masx/ *mas* nr. + copail ; /na/ *na* nr. ; /na/ *no* nr. ; /na/ *na* mion-fhacal àicheil ; /na/ *na* roi. ro ro-sheilbheach ; /nax/ *nach* nr.

/t'ε/ *de* roi. ; /t'εn/ *den* roi. ron alt ; /y'ε/ *dhe* roi. ; /y'εn/ *dhen* roi. ron alt ; /l'ε/ *le* roi.

/ek'/ *aig* roi. ; /eɾ'/ *air* roi. ; /eɾ'x/ *air an* etc. roi. + alt ; /etxɾ/ *eadar* roi. ; /t'ey/ *deadh*, /y'ey/ *dheadh*, /N'ey/ *neadh*, bt. ‘neo’ nr. ; /l'es'/ *leis* roi. ron alt.

/i/ *i* riochd. ; /mi/ *mi* riochd. ; /r'i/ *ri* roi. ; /r'is'/ *ris* roi. ron alt ; /s'i/, /s'iv/, /s'ip/ *sibh* riochd. ; /s'in'/ *sinn* riochd.

/tɔ/, /yɔ/ *gu* roi. ; /tɔ/ fuaim. caoch. *do* ro-sheilbheach ; /tɔn/, /yɔn/ *chun* roi. ron alt ; /yɔn/ *gun* bt. ‘far’ nr. ; /yɔn/ *gon* bt. ‘gar’, ‘gar nach’, ‘ged nach’ nr. ; /ɔs/, /yɔs/ *gus* nr. ; /fɔ/ *fo* roi. ; /fɔn/ *fon* roi. ron alt ; /fɔs/ *fos* bt. ‘os’ roi. ; /mɔ/ fuaim. caoch. *mo* ro-sheilbheach ; /rɔ/ *ro* roi. ; /rɔn/ *ron* roi. ron alt ; /t^hrɔ/ *tro* roi. ; /t^hrɔn/ *tron* roi. ron alt.

/u/ *thu* riochd. ; /tu/ *tu* riochd.

/x/ *a* mion-fhaclan àireamhail, ceisteach, co-ghnìomhaireil, dàimheach agus naisgeil ; /x/ *a* riochdair dàimheach ; /x/ *a* ro-sheilbheach ; /x/ *a'* roi. ; /x/ *an* ro-sheilbheach ; /x/ *an* etc. an t-alt ; /x/ *an* etc. roi. ; /x/ *do* roi. ; /x/ *an* etc. copail ; /xs/ *is* copail ; /px/ *bu* copail ; /tx/ *de* roi. ; /tx/ *do* ro-sheilbheach ; /kx/ *gu* nr. ; /kx/ *gu* mion-fhacal co-ghnìomhaireil ; /kx/ *gu* roi. ; /kxɾn/ *gun* roi. ; /mx/ *mo* ro-sheilbheach ; /nx/ *na* alt ; /nx/ *na* riochdair dàimheach ; /nx/ *na* bt. ‘ar’ ro-sheilbheach ; /nx/ *na* bt. ‘ur’ ro-sheilbheach ; /nx/ *na* bt. ‘don’ roi. ; /nx/ *nan* etc. nr.

¹⁰³⁶ unstressed forms of non-lexical words that are potentially stressed in certain conditions

¹⁰³⁷ preposition before article

¹⁰³⁸ preposition before pre-possessive

Chan eilear a' leantainn Oftedal 1956 : 148 (no Ternes 1973 : 150) an seo ann a bhith a' sgrìobhadh chothlamaidhean¹⁰³⁹ de roimhear agus alt, no de naisgear agus mion-fhacal ro-ghnìomhaireil, mar aon fhacal. Oir gheibhte an uair sin faclan a leithid /as nɔ/ 'anns na', /r'is' nə/ 'ris na' /nax tɔ/ 'nach do' anns a bheil còmhlain chonsan (m.e. /s'n/, /xt/) nach fhaighear ann an lidean le beum. Gun teagamh tha Oftedal (1956 : 148) ag ràdh 'apparent clusters' riutha, agus a' mìneachadh gur e feinimein thar-cheanglach¹⁰⁴⁰ a tha annta :

'These are juncture phenomena rather than true clusters ... ; they could have been avoided by dividing up certain combinations ... into two words each, but this would have created other difficulties' ;

agus a-rithist (1956 : 201) :

'I write these combinations [i.e. de roimhear agus alt] as single words because it is not always easy to tell where the preposition ends and the article begins'.

Ach a dh'aindeoin seo thèid Borgstrøm (m.e. 1941 : 148) agus MacAmhlaigh (m.e. MacAulay 1992 : 246 eisir. 367b) a' leantainn san tràchdas seo, agus bidh cothlamaidhean den t-seòrsa seo air an roinn nan dà fhacal air dhòigh agus nach nochd na còmhlain a tha sa cheist : /as nɔ/ *anns na*, /r'is' nɔ/ *ris na*, /nax tɔ/ 'nach do' etc. (bheirear an aire gu bheil na faclan air an roinn mar thoradh air an seo san aon àite agus a tha an dòigh-litreachaidh thraidiseanta¹⁰⁴¹ gan roinn).

6.1.2 (ii) Lidean a tha gun bheum ron lide le beum ann am faclan le beum

Tha na seòrsaichean de lidean gun bheum a gheibhear san t-suidheachadh seo glè bheag, oir san fhìor mhòr-chuid de fhaclan dà-lideach agus ioma-lideach 's ann air a' chiad lide a tha am beum. 'S iad faclan-iasaid agus ainmean làithean na seachdaine as trice a gheibhear mar eisgeachdan :

/strɑ'vɛ:k'ɑrɔxk/ *sraibhèigearachd* agr. ('STRAVAIGING').

/fi'l'ɛtik / *fileadaig* gr. àithn. ('FILLET').

/pɔ'd'ɑ:tʰ(ɔ)/ *buntàt(a)* ainr., /t'ɔ'L[uɔ]N'/ *Diluain* ainr. dil., /sɔ'p'h'o:st/ *supòst* rgc. ('SUPPOSED'), /t'h'ɔ'bak'hɔ/ *tombaca* ainr.

¹⁰³⁹ combinations

6.1.3 (iii) Lidean a tha gun bheum an dèidh an lide le beum ann am faclan le beum¹⁰⁴².

Faodaidh an lide le beum ann am facal a bhith air a leantainn le a h-aon, a dhà, a trì no a ceithir de lidean gun bheum san aon fhacal. Tha na clàir shìos a' sealltainn nan cothlamaidhean de dh'fhuaimreig agus consa(i)n ga leantainn a gheibhear ann an lidean gun bheum an Gl.¹⁰⁴³ Tha na cothlamaidhean nach d'fhuaras ach a-mhàin le lide eile gan leantainn air an comharrachadh le tàthan¹⁰⁴⁴. Measar fuaimreagan co-fhuaimneach neo-sheasmhach¹⁰⁴⁵ mar /ʁ/ sna clàir, agus mar sin tha /e, u/ a' nochdadh aig deireadh facail a-mhàin. Tuigear gur e easbhaidhean san adhbharrach¹⁰⁴⁶ as coireach ri cuid de na beàrnan sna clàir.

¹⁰⁴⁰ juncture phenomena

¹⁰⁴¹ traditional orthography

¹⁰⁴² unstressed syllables following the stressed syllables in stressed words

¹⁰⁴³ the combinations of vowel plus following consonant(s) that occur in unstressed syllables in the Gairloch dialect

¹⁰⁴⁴ a hyphen

¹⁰⁴⁵ non-stable harmonic vowels

¹⁰⁴⁶ deficiencies in the material

6.1.3.1

Cothlamaidhean le Aon Chonsan									
V#	a	ε	e	i	o	o	u	u	ʁ
Vp	ap-			ip					ʁp
Vp ^h		εp ^h -							
Vt	at			it			ut		ʁt
Vt ^h									ʁt ^h -
Vt´	at´	εt´		it´	ot´		ut´		ʁt´
Vt ^h ´	at ^h ´	εt ^h ´		it ^h ´					
Vt							uʔ		
Vk´	ak´	εk´		ik´			uk´		ʁk´-
Vk ^h ´				ik ^h ´			uk ^h ´		
Vk	ak			ik			uk		ʁk
Vk ^h									ʁk ^h -
Vv									ʁv-
Vγ´	aγ´								
Vx´				ix´			ux´		ʁx´
Vx		εx			ox		ux		
Vs	as			is	os		us		ʁs
Vs´	as´			is´	os´	os´	us´		ʁs´
Vm	am			im			um		ʁm
VN	aN				oN		uN		ʁN
Vn	an			in	on		un		ʁn
VN´	aN´			iN´	oN´	oN´	uN´		ʁN´
VL	aL			iL	oL		uL		ʁL
Vl´	al´	εl´		il´	ol´		ul´		ʁl´
VL´				iL´			uL´		ʁL´
VR	aR								ʁR
Vr	ar				or		ur		ʁr
Vr´	ar´			ir´	or´		ur´		ʁr´
Vh	ah								
V.	a.-			i.-					

6.1.3.2

Cothlamaidhean le Còmhlan Chonsan						
	aCC(C)	iCC	oCC	oCC	uCC(C)	ʁCC(C)
VtN						ʁtN
Vt'N'						ʁt'N'
Vst	ast-	ist-	ost			ʁst
Vs't'	as't'	is't'	os't'		us't'	ʁs't'-
Vs'k'		is'k'		os'k'	us'k'	ʁs'k'
Vst̥						ʁst̥
Vsk		isk			usk	ʁsk
Vxk			oxk			
VNt ^h	aNt ^h	iNt ^h	oNt ^h			ʁNt ^h
Vnt ^h	ant ^h					
VN't ^h	aN't ^h	iN't ^h				
VLt ^h	aLt ^h	iLt ^h -				ʁLt ^h
VLt ^h r	aLt ^h r-					
VL't ^h	aL't ^h	iL't ^h			uL't ^h -	ʁL't ^h
VL't ^h N'						ʁL't ^h N'-
Vrt	art		ort		urt	ʁrt
VRl'						ʁRl'-
VRN			ORN		URN	ʁRN
VRS			ORS-			ʁRS(-)
VRst	arst				urst	ʁRst
VRSN						ʁRSN-
Vr'p ^h						ʁr'p ^h
Vrk ^h					urk ^h	ʁrk ^h
Vr'k ^h					ur'k ^h	ʁr'k ^h

6.1.3.3 Eisimpleirean :

Le /a/ : aig deireadh facail : /k^hʒ:La/ *còmhla* cgr. ('TOGETHER') ;

le aon chonsan : /pãNapi/ *ban-nàbaidh* ainr., /k^hʒ.at/ *comhad* agr., bt. 'coimhead',
 /p^hə:k^hat'/ *pòcaid* ainr., /ʁ 'N'e:fat^h/ *an Èipheit* ainr. dil., /mẽLʁvak'/ *Mealabhaig* ainr. dil.
 (ainm baile 'MELVAIG'), /k^hul'ak/ *cuileag* ainr., /ʃiajvaɣ'/ *ìomhaigh* ainr., /k^h[ʁi]nas/
coibhneas ainr., /s'ɛr'evas'/ *seirbheis* ainr., /iram/ *iorram* ainr., /L'ex'an/ *leth-cheann* ainr.,
 /aran/ *aran* ainr., /faLaN'/ *fallain* br., /L'ekaL/ *leagal* agr., bt. 'leigeil', /k^hũmal'/ *cumail* agr.,
 /aX'ar/ *aithghearr* br., /k^h[ãi]L'ar/ *cainnlear* ainr., bt. 'coinnleir', /fi:l'ar'/ *fidhleir* ainr.,
 /s'ɛiajrahəX/ *sia-ràitheach* ainr. ('A SIX-QUARTER-OLD BEAST'), /k^həsta.əX/ *costadhach* br.
 ('OBLIGING, HELPFUL') ;

le còmhlan chonsan : /mũŋgastʁL/ *Mungasdal* ainr. dil. (ainm àite-thuineachaidh ‘MUNGASDALE’), /Rɔ:Lasˈt/ *ròlaist* ainr. (‘BANTER’), /ɛLɔntʰ(ʁ)/ *ealant(a)* br., /pʰrˈe:santʰ/ *prèasant* ainr., /tʰɔLɔNˈtʰ(ʁ)/ *talaint(e)* ainr. (‘WOODEN PARTITION WALL’), /tʰũɔj.ɔLʰ/ *uamhalt* br. (‘EERIE’), /kʰʂnɔLʰrʁk/ *conaltradh* ainr., /tʰiʁjrmɔLˈtʰ/ *iarmailt* ainr., /kʰũNɔrt/ *cunnart* ainr., /mĩ:xˈɔrst/ *mì-cheart* br. (‘INSIDE-OUT’).

Le /ɛ/ : aig deireadh facail : /lˈɛ.ɛ/ *leatha* riochd. roi. 3 sg. boir. ;

le aon chonsan : /axˈɛpʰɔx/ *aithcheapach* ainr. (‘RED GROUND’), /ɛtʁɛtˈ/ *eadaraid* riochd. roi. 3 iol., bt. ‘eatarra’, /tʰiʁjɛtˈ/ *aimhreit* ainr., /tʰiʁjɛkˈ/ fuaim. caoch. *Diobaig* ainr. dil. (ainm baile ‘DIABAIG’), /Lˈɛnʰɛx/ *leithneach* ainr. (‘A RECLUSE’), /pɔtˈɛlˈ/ *boiteil* iol. de /pɔtʰʁL/ *botal* ainr.

Le /e/ : aig deireadh facail : /e.e/ *eighe* ainr. (‘A FILE’).

Le /i/ : aig deireadh facail : /faLi/ *falamh* br. ;

le aon chonsan : /asip/ *asaibh* riochd. roi. 2 iol., /sa.it/ *saighead* ainr., /kʁritˈ/ *goirid* br., /sʂ:ritˈ(ʁ)/ *sònraicht(e)* br., /ka:lˈik/ *Gàidhlig* ainr. dil., /kʰʂnɔj.ikˈ(ʰ)/ (CNC) *confhaic* ainr., bt. ‘confhadh’ (‘ANGER’), /fʁ.ik/ *faigheadh* gr. cumh., /paLixˈ/ *balaich* ainr. gin. is iol., /ihis/ *itheas* gr. teachd., bt. ‘ithidh’, /pɛnisˈ/ *banais* ainr., /u.im/ *uidheam* ainr., /Lu.in/ *luibhean* iol. de /Luʁˈ/ *luibh* ainr., /xurˈinˈ/ *chuirinn* gr. cumh., /ka:iL/ *Gaidheal* ainr. dil., /rã:nilˈ/ *rànail* agr., /ʁʂ:iLˈ/ *Dhòmhnail* ainr. gin., /u.irˈ/ *uibhir* ainr., /fʰuʁjri.ɔxk/ *fuarraidheachd* ainr. (‘DAMPNESS’) ;

le còmhlan chonsan : /praˈhɔ:ristʁlˈ/ *Bràigh Thòrasdail* (ainm àite-thuineachaidh ‘BRAEHORRISDALE’), /ʁˈri.isˈt/ *a-rithist* cgr., /pa:risˈk/ *bàrraisg* ainr. (‘A FOOL’), /frˈilˈhisk/ *frithleasg* ainr. (‘EARTHWORM’), /kʰɔxˈintʰʁ/ *coitcheanta* br. (‘EXPOSED’), /suspɪnˈtʰ(ʁ)/ (fuaim. caoch.) *susbaint* ainr., /ʁˈʁa:iLʰɔxk/ *a’ Ghaidhealtachd* ainr. dil., /supiLˈtʰ(ʁ)/ *subailt(e)* br.

Le /ɔ/ : aig deireadh facail : /lˈjɔ.ɔ/ *leotha* riochd. roi. 3 iol. ;

le aon chonsan : /sa:pɔtˈ/ *Sàbaid* ainr. dil., /paLɔx/ *balach* ainr., /kʰɔLkʰɔs/ *calcos* ainr. (‘OAKUM’), /ɛnɔsˈ/ *anfhois* ainr., /ĩ:sˈɔN/ *innseann* ainr., bt. ‘uinnseann’ (‘ASH’), /elˈɔn/

eilean ainr. ('MANNERS'), /s'ɛxkɔN'/ *seachdain* ainr., /apstɔL/ *abstol* ainr., /t'es'ɔl'/ *deiseil* br., /t'ĩɑj.ɔr/ *diomhar* br., /L'ɛhɔr'/ *leth-uair* ainr. ;

le còmhlán chonsan : /L'ur:ɣpɔst/ *Liùrabost* ainr. dìl., bt. 'Liùrbost' ('LEURBOST'), /prakh'ɔs't'/ *bracoist* ainr., /pjãNɔxk/ *beannachd* ainr., /ĩ:s'ɔnt/ fuaim. caoch. *innseannt* ainr., bt. 'uinnseann', /p'hũi:s'ɔnt^h(ɣ)/ *puinnseant(a)* br., bt. 'puinnseanach', /ɣ'Nɔrɔrt/ *an Araird* (ainm baile 'ARAIÐ'), /t^hi.ɔRN(ɣ)/ *tighearn(a)* ainr., /ɛk^hɔRSiX'/ *eacarsaich* ainr. ('CAPERS').

Le /o/ : aig deireadh facail : /ɣ'N'ar^ho/ fuaim. caoch. *an ear-thuath* ainr. & cgr. ;

le aon chonsan : /fɛtXLOS'/ *feadhluais* agr., bt. 'farchluais' ('EAVESDROPPING') ; /ɑsvON'/ *asbhuaín* ainr. ;

le còmhlán chonsan : /ɑhos'k'/ *athoisg* ainr. ('A GIMMER').

Le /u/ : aig deireadh facail : /L'ɛnu/ *leanabh* ainr. ;

le aon chonsan : /t^hro.ut/ *trobhad* gr. easbh., /Nã:ut'/ *nàmhaid* ainr., /RO.uʔ/ *robhairt* ainr., bt. 'reothairt', /RO.uk'/ *robhaig* gr. àithn. ('WIND', m.e. gleoc, uaireadair), /p^hi:r'vuk^h/ *pir-bhuic* ainr. ('A WIG'), /ɑ.uk/ *abhag* ainr., /ẽhux'/ *amhaich* ainr., /pehux/ fuaim. caoch. *beathach* ainr., /L'ĩɑj.us/ *leubhas* gr. teachd., bt. 'leughaidh', /k'u.us'/ *giuthais* gin. de /k'u.us/ *giuthas* ainr., /hukum/ *thugam* riochd. roi. 1 sg., /k^hr'ju:.un/ *criùbhann* ainr. gin., bt. 'craoibhe', /k^hr'ju:.un/ *criùbhan* ainr. iol., bt. 'craobhan', /kẽ.un'/ *gamhainn* ainr., /k^hẽ.ul/ *ceangal* agr., /k^hẽ.ul'/ *ceangail* gr. àithn., /e.ul'/ *eamhaill* ainr., bt. 'fadhail', /ɣ:ur/ *adhbhar* ainr., /ɣ:ur'/ *adhbhair* gin. agus iol. de /ɣ:ur/ *adhbhar* ;

le còmhlán chonsan : /ɑ:us't'/ *àbhaist* ainr., /t^hẽhus'k'/ *tamhaisg* gin. de /t^hẽhusk/ *tamhasg* ainr. ('amadan'), /t^hẽhusk/ *tamhasg* ainr. ('amadan'), /ũ.ul't^hɣ/ *umhailte* br., bt. 'umhail', /Lɑ.urt/ *labhairt* agr., /ihURN(ɣ)/ *iotharn(a)* ainr., bt. 'iutharna', /k^hũ.urst/ *cofhurt* ainr., bt. 'cofhurtachd', /ẽ.urk^h/ *amharc* agr., /ɣẽ.ur'k^h/ *dh'amhairc* gr. preit.

Le /w/ : aig deireadh facail : /nɣs'Lu.w/ fuaim. caoch. *nas lugha* br. coim.

Le /ɣ/ : aig deireadh facail : /pal'ɣ/ *baile* ainr. ;

le aon chonsan : /fɔ.ɣp/ *fodhaibh* riochd. roi. 2 iol., /kL[uɣ]sɣt/ *glusad* agr., /mĩ:x'ɣt^hi/ *mì-chiataidh* br., bt. 'mì-chiatach', /t'ĩɣjLɣt'/ *diollaid* ainr., /u:trɣk'il'/ *Ùdraigil*

ainr. dil. (ainm baile ‘UDRIGLE’), /p_luɣ_lɫɣk/ *bualadh* agr., /ʃɛnɣk^hɣr/ *anshocair* ainr., /mɛ̃lɣvɑk/ *Mealabhaig* ainr. dil. (ainm baile ‘MELVAIG’), /ɣ^hˈnɑ_lhɣxˈ(ɣ)/ *an ath-oidhch(e)* ainr. & cgr., /p_luɣ_lɫˈɣs/ *buailleas* gr. teachd., /ekɫɣsˈ/ *eaglais* ainr., /u:trɣm/ *aotrom* br., /u:trɣN/ *aodann* ainr., /k^hrˈekɣn/ *creagan* ainr. iol., /ɛxɣNˈ/ *Eachainn* ainr. dil. (le ginearalachadh den gin.), /k^hɑtɣɫ/ *cadal* ainr., /f_liɣ_lk^hɣlˈ/ *fiacail* ainr. (t. deas), /xw:ɣɫˈ/ *chaochail* gr. preit., /k^hʃhɣR(ɣ)/ *comharr(a)* ainr., /ɛhɣr/ *eathar* ainr., /ɑk^hɣrˈ/ *acair* ainr. (do bhàta) ;

le còmhlan chonsan : /fɣ.ɣtNɔx/ *foigheadnach* br., /fɣ.ɣtˈNˈɔx/ *foighidneach* br., /fɛrɣst(ɣ)/ *fearast(a)* br., bt. ‘furasta’, /t^hupɣsˈtˈɣ/ *tubaiste* ainr., /ɔ:kɣst/ *Ògast* ainr. dil. B **August** ; /faɫ^hɣsˈk/ *falaisg* ainr., /t^hekɣsk/ *teagasg* agr., /k^hũmɣNt^h(ɣ)/ *cumant(a)* br., /Rɣ:ɣɫ^h/ *Raghalt* ainr. dil., /R_liɣ_lɣɫˈt^h/ *riaghailt* ainr., /fɣ.ɣɫˈt^hNˈɔx/ fuaim. caoch. *foighiltneach* br. (‘PATIENT’) bt. ‘foighidneach’, /i:pɣrt/ *ìobairt* ainr., /k^hʃ.ɣRɫˈɣ/ *comhairle* ainr., /tˈɣ^hˈsɑhɣRN(ɣ)/ *Disathairn(e)* ainr. & cgr., /ɑk^hɣRSɑtˈ/ *acarsaid* ainr. (agus gheibhear /RS/ aig deireadh facail san iasad dheireannach /nɣpɣRS/ *noibears* ainr. sg. ‘NIPPERS’), /ɑkɣRst/ *agairt* agr., /k^hʃɣˈɣRSNɔxk/ *coimhearsnachd* ainr., /ɣ.ɣrˈp^h/ *oidhirp* ainr., /frɣ.ɣrk^h/ *fradharc* ainr., /ɣ.ɣrˈk^h/ *adhairc* ainr.

6.1.3.4 Bheirear an aire bho na clàir nach eil na cothlamaidhean a leanas (agus ris an dòcha gum faodadh dùil a bhith aig neach) a’ nochdadh ann an lidean gun bheum : /Vf/ (ged a gheibhear /ɣv-/) ; /Vt^h/ (ged a gheibhear /ut/) ; /Vɣ/ (oir tha seann **g** no **d** a’ toirt /k/ no Ø ann an lide gun bheum an Gl.) ; /V/ air a leantainn le gin de na sònaraich anailichte (i.e. /Vn^h/, /VL^h/, /Vl^h/, /VR^h/, /Vr^h/, /Vr^h/) ; /Vr^hp^h/ (ged a gheibhear /Vr^hp^h/ agus /Vp^h/).

6.2 (b) Lidean a tha gun bheum gu suidheachail¹⁰⁴⁷

'S iad seo riochdan lùghdaichte¹⁰⁴⁸ de lidean le beum, a gheibhear ann am faclan leicseachail¹⁰⁴⁹ (sa chumantas ainmearan, buadhairean agus gnìomhairean) ann an abairtean ainmearach, an uair a bhitheas lide air a bheum a chall mar thoradh air co-fhillteachd fhacal¹⁰⁵⁰ no air pàtran beum na h-abairt¹⁰⁵¹ (gu sònraichte ann an ainmean-àite). Gheibhear eisimpleirean den seo fo na h-earrainnean air na fuaimreagan air leth. Airson beachdachaidh, a rèir Teòiridh na Feabhasachd¹⁰⁵², air adhbhar an lughdachaidh seo ann an abairtean bho dhualchainnt Arainn faic Green 1997 : 80.

6.2.1 Lùghdachadh ann an lidean gun bheum

Tha consain agus còmhlain ann an ionnsaigh¹⁰⁵³ lidean a tha gun bheum gu suidheachail¹⁰⁵⁴ sa chumantas air an gleidheadh. Ann an Liùrbost thug Oftedal (1956 : 148) an aire gu bheil an t-iar-analachadh aig consan dùinte uaireannan air a chall, ach air dà thaobh Loch Gheàrrloch saoilidh mi gu bheil e an-còmhnaidh air a ghleidheadh : /₁pot^hix'ɾn ɾ d^ha 'yuy/ *Botaichean an Taigh Dhuibh* (ainm-àite 'THE PEAT-HAGS BY THE SMUGGLING BOTHY'), /ɾ g^hem 'k₁ara₁v/ *an Ceum Garbh* (ainm-àite), /ɾ g^hwl 'pek/ *an Caol Beag* (ainm-àite), /ɾ g^hu 'xu:rɔx/ *an cù-chaorach alt + ainr.*, /ɾ g^hos' ɾ 'xlatix'/ *an cois a' chladaich*, /(₁) b^hoLɾ 'fatɾ/ *am Poll Fada* (ainm-àite). Tha palatachadh air a ghleidheadh cuideachd : /L'an 'uɑ.ir'/ *lìon-waidhir ainr.* ('WIRE NETTING'), /sk'an 'fɔ:k^hat'/ *sgian-phòcaid ainr.* ('A PENKNIFE'). An uair a thèid dà-fhoghar aig a bheil fuaimreag bheulaibh mar a' chiad eileamaid a lùghdachadh, gheibhear uaireannan sleamhnan eadar an consan palataichte agus an fhuaimreag lùghdaichte a tha ga leantainn : [sk^jɛ₁ʲ^vɔ] /sk'ɔLɾ/ ann an /sk'ɔLɾ 'pɑ:s'/ *sgeul-bàis ainr.*, [ũ:sk^jɛ₁ʲ^vɔx] /'ũ:sk'ɔLɔx/ *aon-sgeulach br.* ; ach uaireannan eile cha chluinnear an sleamhnan : [sk^jɛ₁ʲ^vɔ]

¹⁰⁴⁷ syllables that are unstressed by position

¹⁰⁴⁸ reduced

¹⁰⁴⁹ lexical words

¹⁰⁵⁰ word composition

¹⁰⁵¹ stress pattern of the phrase

¹⁰⁵² Optimality Theory

¹⁰⁵³ onset

¹⁰⁵⁴ consonants and clusters in the onset of syllables that are unstressed by position

/sk'ɛLɣ/ ann an /sk'ɛLɣ 'pɑ:s'/ *sgeul-bàis*, [u̯i:skʲɛɫʲɔɣ] /'u̯i:sk'ɛLɔɣ/ *aon-sgeulach*. San aon dòigh cluinnear uaireannan leth-fhuaimreag eadar consan bileach agus an fhuaimreag lùghdaichte : [mɛɔɫʲɔ] /mɫɔLɣ/ ann am /mɫɔLɣ 'ju.us'/ *Meall a' Ghiuthais* (ainm-àite), [fɛar] /fɫar/ ann am /fɫar 'k'ɑri/ *feur-gearraidh* ainr. ('feur deiseil airson a bhuain'); ach gu tric cha nochd an leth-fhuaimreag : /pɛL ɣ 'Nɑ:/ *Beul an Àth* (ainm-àite), /mɛLɣ 'kʰɫ'u.u/ *Meall na Cliubha* (ainm-àite).

Bidh fuaimreag fhada no dà-fhoghar ann an niuclas an lide gu cunbhalach air a lùghdachadh na fuaimreig ghoirid (gheibhear eisimpleirean den seo fo na h-earrainnean air na fuaimreagan air leth). Sa chumantas chan eil srònachd air a ghleidheadh, ach tha mi am barail gun cuala mi srònachd ann an cuid de lidean lùghdaichte, m.e. /ãNɣ 's' ʔin/ *ann an sin* cgr., bt. 'an sin'.

Ann am faclan aon-lideach faodaidh consan aig deireadh facail a bhith air a chall : /ɣ RUU 'L'ɫiɣ/ *an Raon Liath* (ainm-àite), /tʰra 'xru:pak/ *tràigh-chrùbag* ainr. Gheibhear coghiorrachadh¹⁰⁵⁵ uaireannan ann am faclan dà-lideach le hiatas : /L'ɛt/ bho /L'ɛ.ɛt/ ann an /L'ɛt nɣ 'kʰɑ:RStɔɣ/ *Leathad na Ceàrdach* (ainm-àite 'THE SLOPE BY THE SMITHY'), /N' ʔi/ no /N' i/ bho /N' ʔi.in/ ann an /L'ɫiɔɫn ɣ N' ʔi 'ɫ'ɫiɣ/ agus /...ɣ N' i 'ɫ'ɫiɣ/ *Lìon na Nighean Liath* (ainm-àite 'THE NET BY THE GREY GIRL'; 's e *an Nighean Liath* sgeir anns a' mhuir). Bidh coghiorrachadh a' tachairt ann an cuid de dh'fhaclan dà-lideach aig nach eil hiatas : [kʰɑ'ŋ'e'lʲs] /kʰɑRN'e:l's/ *car-nèils* ainr. iol. bho B **carron-nails**, agus fiù 's /mɑR/ no /mɑ/ bho /mɫiɫs'ɫ'ir'/ *maighstir* ainr. ann am [mɑ 'sʲkɔɫʲ] /mɑR 'skɔɫ'/ *ma'r-sgoil*, [mɑ 'skɔɫʲ] /mɑ 'skɔɫ'/ *ma'-sgoil*, (cf. Oftedal 1956 : 148).

6.2.2 Lùghdachadh ann an Lidean le Dàrnacha agus le Treasacha Beum

Cha cheist nach eil lùghdachadh a' tachairt ann an lidean le dàrnacha agus le treasacha beum. Is dòcha gur ann an ainmean-àite as soilleire a dh'aithnichear seo agus, ma chleachdar /ʲ/, /iɪ/, /i/ mar shamhlaidhean air prìomh, air dàrnacha agus air treasacha beum fa leth sna h-eisimpleirean

a leanas de dh'ainmean àite, chithear gu bheil lùghdachadh againn ann am faclan le treasacha beum : /₁₁Lu:p ə ɹɔɹ 'vo:r / *Lùb an Rothaid Mhòir* (ainm-àite), /₁₁Lɔx ɪhɔɹ nɹ 'b₁iɹɹst/ *Loch Tholl nam Biast* ; agus fiù 's ann am faclan le dàrnacha beum : /inɹɹ/ bho /ĩni₁.ur/ ann an /₁₁inɹɹ 'a:stɹL/ *Ionbhar-àstal* (ainm baile 'INVERASDALE'), /₁₁kɔsɹn nɹ 'g^h₁ɹlɹ₁man/ *Còsan nan Calman*, /₁₁t^hɔɹ nɹ 'd^hũniɹ'ɹn/ *Toll nan Tunnaichean*. Dh'fheumadh an tuilleadh rannsachaidh a bhith ga dhèanamh airson cumhachan an lùghdachaidh¹⁰⁵⁶ ann am faclan le dàrnacha agus treasacha beum a shoillearachadh.

6.3 Fuaimreagan ann an Lidean gun Bheum

Ged a bhitheas na fuaimreagan /ɛ, e, o, u/ a' nochdadh ann an lidean gun bheum, tha mi am barail gur ann an-còmhnaidh ann an suidhichidhean far nach eil iad eadar-sgarach¹⁰⁵⁷ : ann an saor-chaochlaideachd ri fuaimreig eile (/ɛ/ ri /a/, /u/ ri /u/); no mar thoradh air co-fhuaimneachd fhuaimreag¹⁰⁵⁸ (/ɛ, e, o, u/); no mar thoradh air iad a bhith ann an riochdan lùghdaichte de lidean le beum, a tha air am beum a chall ann an cuid de dh'àrainneachdan (/ɛ, e, o, u/); no ann an lidean a tha gun bheum gu h-in-ghnèitheach (/ɛ, e/). Is dòcha gu bheil eisgeachd no dhà ann, m.e. cha chualas ach /ɛ/ (bho sheann é) san lide gun bheum ann an /ĩiɹ'ɹ^h/ *aimhreit* ainr., MG **amréid**.

6.3.1 Fuaimreagan eadar-sgarach

Mar thoradh air an seo tha sinn air ar fàgail le liosta-iomlan¹⁰⁵⁹ de chòig fuaimreagan a tha eadar-sgarach ann an lidean gun bheum : /a, i, ɔ, u, ɹ/ (*cf.* Oftedal 1956 : 147). Faodar iad seo a roinn ann an trì ìrean de dh'fhosgailteachd : àrd, meadhan agus ìosal. A thaobh nam fuaimreagan àrda /i, u/ tha comhaireachd¹⁰⁶⁰ a' mairsinn eadar beulaibh agus cùlaibh, ach tha an tè eadar cùlaibh neo-chruinn agus cùlaibh cruinn air a neodrachadh ; aig ìre mheadhain de

¹⁰⁵⁵ contraction

¹⁰⁵⁶ the conditions for reduction

¹⁰⁵⁷ distinctive

¹⁰⁵⁸ vowel harmony

¹⁰⁵⁹ inventory

dh'fhosgailteachd /ɔ, ʁ/ tha a' chomhaireachd eadar cùlaibh neo-chruinn agus cùlaibh cruinn a' mairsinn, achd tha an tè eadar beulaibh agus cùlaibh air a neodrachadh. Gabhaidh na fuaimreagan a chur an eagar mar a leanas :

	Beulaibh	Cùlaibh	Culaibh
	neo-chruinn	neo-chruinn	cruinn
Àrd	/ i		u
Meadhan		ʁ	ɔ
Ìosal		ɑ	/

6.3.2 Paidhreannan mionamail agus faisg-mhionamail

Eisimpleirean de phaidhreannan mionamail agus faisg-mhionamail :

/i/ ~ /u/ : /kl'e: 'ɑLi/ *glè fhalamh* br. ~ /ɑLu/ *alamh* br., bt. 'ealamh' ('HASTY'); /L'eni/ *leanaibh* ainr. gin. ~ /L'enu/ *leanabh* ainr. ain.

/i/ ~ /ʁ/ : /fɑLi/ *falamh* br. ~ /fɑLʁ/ *fala* gin. de /fu' / *fuil* ainr. ; /L'eni/ *leanaidh* gr. teachd. ann am freagairtean aontach. ~ /L'enu/ *leana* bt. 'leanaidh' gr. teachd. ro riochdairean suibseigeach¹⁰⁶¹ 1 sg., 1 iol., 2 iol.

/u/ ~ /ʁ/ : /ɑLu/ *alamh* br., bt. 'ealamh' ('HASTY') ~ /ɑLʁ/ *fhala* gin. sèimh. de /fu' / *fuil* ainr. ;.

/u/ ~ /ɔ/ : /t'iaj.ur/ *dèabhar* gr. neo-phears. ('ONE WILL BLEED TO DEATH') ~ /t'iaj.ɔr/ *dìomhar* br., bt. 'dìomhair'.

/ʁ/ ~ /ɔ/ : /sk'il'ʁn/ *sgilean* ainr. iol. ~ /sk'il'ɔr/ *sgilear* br. ('SKILFUL').

/ʁ/ ~ /ɑ/ : /k^hʒ:Lʁ/ *còmhla* ainr. ('DOOR-LEAF') ~ /k^hʒ:La/ *còmhla* cgr. ('TOGETHER');
/k^hr'ekʁn/ *creagan* ainr. iol. ('ROCKS') ~ /k^hr'ekɑn/ *creagan* ainr. sg. ('A LITTLE CLIFF').

/ɔ/ ~ /ɑ/ : /el'ɔn/ *eilean* ainr. ('MANNERS') ~ /el'ɑn/ *eilean* ainr. ('AN ISLAND').

¹⁰⁶⁰ opposition

¹⁰⁶¹ subject pronouns

Tha Borgstrøm (1941 : 83) a' comharrachadh mar a gheibhear /i, u, ɔ/ (anns na lidean gun bheum de dh'fhaclan le beum) ann an Siorrachd Rois gu tric an uair as e /ɣ/ a gheibhear san Eilean Sgitheanach agus sna h-Eileanan an Iar ; mar cho-thoradh air an seo chan eil /ɣ/ cho bitheanta ann an Siorrachd Rois agus a tha i sna dualchainntean eile. Tha Borgstrøm a' leantainn air a mhineachadh gur e dà chinneachadh eachdraidheil as adhbhar don seo : a' bhuidh a tha aig suathaich phalataichte agus neo-phalataichte air fuaimreagan gun bheum a tha gan leantainn ; agus a' bhuidh a tha aig /x/ air fuaimreig gun bheum a tha a' tighinn roimhe, nì a tha a' fàgail /ɔ/. Airson fiosrachaidh mhionaidich agus eisimpleirean faic na h-earrainnean air na fuaimreagan air leth.

6.3.3 Co-fhuaimneachd Fhuaimreag¹⁰⁶²

6.3.3.1 Tha na fuaimreagan /a, i, u, ɣ/ eadar-sgarach¹⁰⁶³ aig deireadh facail (faic na paidhreannan mionamail shuas). Air an làimh eile chan fhaighear na fuaimreagan /ε, e, ɔ, o, u/ gu saor aig deireadh facail ; 's ann a gheibhear iad an-còmhnaidh an dèidh fuaimreig ionannaich¹⁰⁶⁴ ('s e sin. tè leis an aon timbre) le beum a tha air a leantainn le hiatas¹⁰⁶⁵ : /l'ε.ε/ *leatha* riochd. roi. 3 sg. boir., /tʰe.e/ *teatha* ainr., /l'jɔ.ɔ/ *leotha* riochd. roi. 3 iol., /kʰro:.o/ *cròdha* br. ('HARDY'), /nɣs 'Lɯ.ɯ/ (fuaim. caoch.) *nas lugha* br. coim. Thug Oftedal (1956 : 146) 'vowel harmony' air an fheinimean seo an Liùrbost, agus thèid am briathrachas aige (mar 'co-fhuaimneachd fhuaimreag' sa Ghàidhlig) a leantainn an seo. Mar a thug Oftedal an aire an Liùrbost, mar sin an Gl. gheibhear eisimpleirean de cho-fhuaimneachd fhuaimreag cuideachd : (a) ro chonsain aig deireadh facail : /a.ar/ *athar* ainr. ('SKY'), /kʰrɔ:.ɔk/ *cròthadh* agr. ('PENNING') ; (b) ann an lidean nach eil aig deireadh facail : /sNã:.atak/ *snàthadag* ainr. (*Anthus pratensis* 'MEADOW PIPIT'), /fo:.oLan/ *fòthalan* ainr. ('lus stobach a bhitheas anns a' chorc', dh'fhaodadh *Sonchus spp.*) ; (c) le consan, mar as trice /h/, (an àite hiatais) a' tighinn eadar an dà fhuaimreig : /fahan/ *fathan* iol. de /fa/ *fath* ainr., bt. 'famh', /trɔhɔt'/ *droicheid*

¹⁰⁶² vowel harmony, vocalic harmony

¹⁰⁶³ distinctive

¹⁰⁶⁴ identical

¹⁰⁶⁵ they are always found after an identical stressed vowel (i.e. a stressed vowel having the same timbre) that is followed by hiatus

ainr., bt. ‘drochaid’, /t^huruk/ *turadh* ainr. (‘A DRY SPELL’). Gheibhear an tuilleadh eisimpleirean dhiubh seo uile sna h-earrainnean air na fuaimreagan air leth.

6.3.3.2 Aithnichear dà ghnè de cho-fhuaimneachd fhuaimreag.

(a) Ann an cuid de dh’fhaclan tha an fhuaimreag cho-fhuaimneach¹⁰⁶⁶ (‘s e sin, an fhuaimreag a chaidh a mhùthadh mar thoradh air co-fhuaimneachd fhuaimreag¹⁰⁶⁷) seasmhach¹⁰⁶⁸. Mar eisimpleir, sna faclan : /Lɑ.ɑ/ *latha* ainr., /mĕ.ɛ/ *matha* br. iol. ; /p^hl’ɛ.ɛ/ *pleidhe* ainr., /pe.ɛ/ *beidhe* ainr. (‘A BAY’), /pe.ɛ/ *beidhe* gin. de /p[ɪɣɣ]/ *biadh* ainr., /e.ɛ/ *eighe* ainr. (‘A FILE’), /t^he.ɛ/ *teatha* ainr., /k^hr’ju.u/ *criutha* ainr. (‘CREW’), /nɣs ‘mũ.u/ *nas motha* br. coim., /r’u.u/ *riutha* riochd. roi. 3 iol. ; cha chualas iad seo uair sam bith le /ɣ/ a’ leantainn an hiatais. Gu h-eachdraidheil tha na faclan le fuaimreig cho-fhuaimnich sheasmhaich de chaochladh bunachaidh¹⁰⁶⁹ : tha cuid aca a’ bunachadh ann an SG agus tha cuid eile nam faclan-iasaid bho B. Ach gu sioncronach tha aca anns a’ chumantas gu bheil an fhuaimreag cho-fhuaimneach an-còmhnaidh aig deireadh facail. (Sna h-earrainnean air na fuaimreagan air leth thèid faclan le fuaimreig cho-fhuaimnich a tha seasmhach a chomharrachadh : ‘seas.’). Agus tha càileachd shoilleir aig nam fuaimreagan co-fhuaimneach a tha seasmhach¹⁰⁷⁰.

(b) Ann am faclan eile tha an fhuaimreag cho-fhuaimneach gu math caochlaideach, agus cluinnear càileachdan air continuum bho alafonan den fhuaimreig san lide le beum gu ruige na h-alafonan comhgharach de /ɣ/¹⁰⁷¹. Mar eisimpleir, cluinnear /k^hrahak/ agus /k^hrahɣk/ *crathadh* agr., /spr’ɛ.ɛk/ agus /spr’ɛ.ɣk/ *spreadhadh* agr., /ɣjɔ.ɔk/ agus /ɣjɔ.ɣk/ *reodhadh* agr., /k^hro:.o/ agus /k^hro:.ɣ/ *cròdha* br., /pru.uɣ/ agus /pru.ɣɣ/ *bruthach* ainr., /t^hru:.uɣk/ agus /t^hru:.ɣk/ *traoghadh* agr. Gheibhear a’ ghnè seo de cho-fhuaimneachd fhuaimreag an dà chuid aig deireadh facail agus ro chonsan. Tha ceist a’ togail ann am faclan den t-seòrsa seo a thaobh

¹⁰⁶⁶ harmonic vowel

¹⁰⁶⁷ the vowel that underwent mutation as a result of vowel harmony

¹⁰⁶⁸ stable

¹⁰⁶⁹ of various derivations

¹⁰⁷⁰ Stable harmonic vowels have clear quality

¹⁰⁷¹ on a continuum between allophones of the vowel phoneme in the nucleus of the stressed syllable and the neighbouring allophones of /ɣ/

tar-iathadh¹⁰⁷², agus dè am fòineim air a bheilear a' daileachadh an fhoghair a chluinnear¹⁰⁷³.

Gabhar an seo ris a' bheachd aig Oftedal (1956 : 146-7) :

'The variation between ə and "harmonic" vowels cannot be termed phonemic overlapping ... ; rather the unstressed vowel is so indeterminate and fluctuating in sound that it may variously be assigned to either phoneme'.

Faodar a ràdh air mhodh eile, gu bheil feartan nam fuaimreagan seo, nam fuincsean fogharach, n-àireamh nan gnè, ach aig ìre an fhòn-eòlais tha sinn a' feuchainn rin glacadh fo shònrachadh dà-àireimh¹⁰⁷⁴ ; airson beachdaichaidh air an seo faic Lass 1984 : 104-5.

Ann an àireimh bhig de dh'fhaclan gheibhear neo-sheasmhachd, ro chonsan palataichte, chan ann eadar /ʏ/ agus an fhuaimreag cho-fhuaimneach, ach eadar /i/ agus an fhuaimreag cho-fhuaimneach : /tʰʊ.ɔN'/ agus /tʰʊ.iN'/ *domhainn* br., /trɔhɔt'/ agus /trɔhit'/ agus *droicheid* ainr., bt. 'drochaid', /Rɔ.ɔt'/, cuideachd /Rɔ.it'/, *rothaid*, gin. de /Rɑ.at/ *rathad* ainr.

6.3.4 Fuaimreagan gun Bheum a' leantainn Hiatais

'S e an iom-lìne tòn-àirde¹⁰⁷⁵ as motha a tha a' comharrachadh hiatais an Gl. agus, mar a chuir Borgstrøm (1941 : 83) an cèill, tha e uaireannan duilich mar sin crìoch an lide aithneachadh gu mionaideach. Faodar faclan den t-seòrsa seo a roinn nan dà bhuidhinn :

(a) Tha timbre na fuaimreig gun bheum eadar-dhealaichte ri timbre na fuaimreig (no na dara fuaimreig ann an dà-fhoghar no ann an còmhlán svarabhakti) le beum a tha a' tighinn roimhe. Mar a mhinich Borgstrøm, ann am faclan den t-seòrsa seo tha crìoch an lide (air a tuigsinn mar an t-àite far a bheil an tòn a' toiseachadh air tuiteam) agus a' chrìoch eadar an dà thimbre a' tachairt còmhla. Mar sin aithnichear gu furasta far a bheil crìoch an lide. Eisimpleirean : /pu.i/ *buidhe* br., /e:ɔxk/ *èibheachd* agr., bt. 'èigheachd', /tʃĩɑ₁.ɔr/ *dìomhar* br., /ĩni₁.ur/ *ionbhar* ainr., bt. 'inbhir'.

¹⁰⁷² a question arises in words of this type as regards overlapping

¹⁰⁷³ to which phoneme one assigns the phone that one hears

¹⁰⁷⁴ the features of these vowels in their phonetic function are n-ary in nature, but at the phonological level we are attempting to capture them through a binary specification

¹⁰⁷⁵ pitch contour

(b) Tha timbre na fuaimreig gun bheum coltach ri timbre na fuaimreig (no na dara fuaimreig ann an dà-fhoghar no ann an còmhlan svarabhakti) le beum a tha a' tighinn roimhe. (Tuigear gur ann sa bhuidhinn seo cuideachd a bhios faclan le fuaimreig cho-fhuaimnich an dèidh hiatais). Tha crìoch an lide gu tric duilich a h-aithneachadh, agus cluinnear an lide gun beum mar shineadh a-mach, le tònna tuiteamach, den lide le beum. Bheirear an aire gu faod an fhuaimreag gun bheum a bhith an dà chuid aig deireadh facail no ro chonsan. Eisimpleirean : /a.ɑ/ *adha* ainr., /ɑ.ɑr/ *athar* ainr. ('SKY'), /ɔ.ɔ/ *ogha* ainr., /kʰr'i.i/ *cridhe* ainr., /nʌs 'mũ.u/ *nas motha* br. coim., /pru.ux/ *bruthach* ainr. ('A BRAE'), /kʰLʌ.ʌX/ *cladhach* agr., /kʰro:.o/ *cròdha* br. ('HARDY'), /kʰrɔ:.ɔk/ *cròthadh* agr. ('PENNING'), /pr'jia.ɑ/ *brèagha* br., /f[ua].ɑL/ *fuaghal* agr., /f[ũnu].us/ *Aonghas* ainr. dil., /t[ɔrɔ].ɔX/ *dorghach* agr. ('HAND-LINE FISHING'), /f[ɑr'ɑ].ɑN'/ *fairchinn* agr., bt. 'faireachdainn'. 'S ann don bhuidhinn seo cuideachd a bhuineas faclan-iasaid bho fhaclan aon-lideach B : /pʰI'ε.ε/ *pleidhe* ainr. ('PLAYTIME'), /pe.e/ (seas.) *beidhe* ainr. ('A BAY'), /s'e.er/ *seithear* ainr. ('A CHAIR'), /tʰe.e/ (seas.) *teatha* ainr., /slɔ.ɔ/ *slotha* br. ('SLOW')

6.4 Call fuaimreig gun bheum tro apacoip¹⁰⁷⁶, tro aifeise¹⁰⁷⁷, tro shioncoip¹⁰⁷⁸

6.4.1 Call fuaimreig gun bheum tro apacoip

Ann an cuid de dh'fhaclan tha fuaimreig gun bheum a bha gu tùsail aig deireadh facail air a call an Gl. gu buileach, 's e sin nach eil i a' nochdadh ann an suidheachadh sam bith (fiù 's ann an taobh a-staigh còmhlan-fhosaidh ro chonsan¹⁰⁷⁹) (cf. O'Rahilly 1932 : 138 ; S. Watson 1985 : 128). Eisimpleirean : /p[ɛu]LʰʌN'/ *Bealltainn* ainr. dil. ('MAY') MG **Bel(I)taine** (DIL s.v.) ; /kʰLuɣ'/ *cluich* agr., SG **cluiche** ainr. (DIL s.v.) ; /kʰũ.ɔxk/ *cumhachd* ainr., SG **cumachtae** (DIL s.v.) ; /f[ia]nis'/ *fiannais* ainr., SG **fiadnisse**, NGT **fiadhnaise** (DIL s.v. 'fiadnaise', agus faic Ó Baoill 1988a : 131) ; /ʌ 'vẽxʌr'/ *a' mhachair* ainr. ('THE EAST COUNTRY, THE LOW COUNTRY ; EASTER ROSS') MG **machaire** '(cleared or cultivated) land' (DIL s.v.) ; /mĩs'k'/

¹⁰⁷⁶ apocope
¹⁰⁷⁷ aphasis
¹⁰⁷⁸ syncope

misg ainr., SG **mesce** (DIL s.v. ‘mescae’); /tʰrjɔ:kʰɣr/ *treòcair* ainr., bt. ‘tròcair’ SG **trócaire** (DIL s.v., agus faic Ó Baoill 1988a : 131); /tʰul/ *tuil* ainr., SG **tuile** (DIL s.v.). San fhacal /tʰaijʃ/ *taibhs* ainr. (‘A GHOST’) cuideachd, SG **taidbse**, **taidbsiu**, tha mi am barail nach cluinnear /ɣ/ gun bheum aig deireadh facail aige air chor sam bith an Gl.

6.4.2 Schwa às-tuislidh¹⁰⁸⁰

6.4.2.1 Ann an Gl. tha an suidheachadh a thaobh na gnè de dh’fhuaimreig schwa aig deireadh facail air an tug Oftedal (1956 : 149) an t-ainm ‘caducous ə’ (agus ris an canar ‘/ɣ/ às-tuislidh’ an seo) san fharsaingeachd mar a tha tuairisgeul air ann am Borgstrøm 1940 : 50-1 agus ann an Oftedal 1956 : 149-50, cf. cuideachd am mìneachadh aig Ó Dochartaigh (1986 : 208) :

‘the essential point about the caducous schwa is that it is dropped before a pause, though, unlike Irish, Scottish Gaelic citation forms can sometimes appear with and sometimes without the schwa’.

’S iad na leanas na ceithir prìomh sheòrsachan de /ɣ/ gun bheum aig deireadh facail a gheibhear an Gl. :

- (1) /ɣ/ sheasmhach¹⁰⁸¹ : tha /ɣ/ gun bheum aig deireadh facail a’ tuiteam às (cha mhòr an comhnaidh) ma bhitheas i air a leantainn le fuaimreig eile taobh a-staigh an aon chòmhlain-fhosaidh¹⁰⁸², ach tha i a’ mairsinn *in pausa*. Eisimpleirean : /tũNˈ a:Rt/ *duin’ àrd* ach /kʰa beIˈ ɣ ˈdũNˈɣ/ *càite am beil an duine?* ; /paIˈ u:r/ *bail’ ùr* ach /as ɣ ˈvaIˈɣ/ *anns a’ bhaile*.
- (2) /ɣ/ às-tuislidh : tha /ɣ/ gun bheum aig deireadh facail a’ tuiteam às sa h-uile àite ach a-mhàin eadar consain taobh a-staigh a’ chòmhlain-fhosaidh. Eisimpleirean : /as ɣ Na:tʰɣ ˈvo:r ɔt/ *anns an àite mhòr ud*, ach /ha Rɔ Iˈɛhitˈ as ɣ Na:tʰ/ *cha robh a leithid anns an àit*. San trachdas seo seallar schwa às-tuislidh eadar camagan : /(ɣ)/, m.e. /a:tʰ(ɣ)/ *àit(e)*.

¹⁰⁷⁹ even preconsonantly within a pause-group

¹⁰⁸⁰ caducous schwa

- (3) /ɣ/ gun bheum aig deireadh facail a bhitheas uaireannan seasmhach, agus uaireannan eile às-tuislidh, dh'fhaodadh ann an saor-chaochlaideachd no dh'fhaodadh le buaidh aig beum san t-seantans air a' ghnothach¹⁰⁸³ (ach mas e am fear mu dheireadh a' chùis chan eil cumhachan na buaidhe sìmplidh am mìneachadh). Gheibhear /ɣ/ den t-seòrsa seo gu sònraichte am measg nan riochdairean roimhearach, m.e. /ha RO 'ɛk^h ax i 'he:n/ *cha robh aic' ach i fhèin* ('SHE WAS BY HERSELF'), ach an dà chuid /ha RO 'tat 'ɛk^hɣ/ *cha robh dad aice* agus /ha RO 'tat ɛk^h/ *cha robh dad aic'*; an dà chuid /h₁uɣ₁r' i 'ful' as't'ɣ/ *fhuaire i fuil aiste* ('SHE GAVE BLOOD') agus /ha ɣLǎN'ɣ LɛkaL 'as't'/ *tha ghlainne leagal aist* ('THE GLASS IS LEAKING', bt. 'tha a' ghlainne a' leigeil aiste'). Cluinnear seo cuideachd am measg nan ainmearan ginideach a tha air an dèanamh le bhith a' cur /ɣ/ gun bheum aig deireadh facail, m.e. an dà chuid /pɛn nɣ 'p₁ǎi₁s'ɣ/ *bean na bainns'* agus /pɛn nɣ 'p₁ǎi₁s'ɣ/ *bean na bainnse*; an dà chuid /ha a as ɣ vɔk^hɣs 'iɣɣ/ *tha e anns a' bhocas-fhiodh'* agus /ha a as ɣ vɔk^hɣs 'iɣ/ *tha e anns a' bhocas-fhiodha*. Ach chan eil e mì-chumanta am measg ainmearan aig a bheil schwa aig deireadh facail san tuiséal bhunasach, m.e. an dà chuid /k^hαLα₁p^h(ɣ)/ *calp(a)* agus /k^hαLα₁p^hɣ/ *calpa* ainr. le schwa seasmhach, an dà chuid /k^hǎNix'(ɣ)/ *ceannaich(e)* agus /k^hǎNix'ɣ/ *ceannaiche* ainr. le schwa seasmhach, an dà chuid /kr'iq₁six'(ɣ)/ *greusaich(e)* agus /kr'iq₁six'ɣ/ *greusaiche* ainr. le schwa seasmhach. (Seallar schwa den ghnè seo a bhitheas uaireannan às-tuislidh cuideachd eadar camagan sna h-eisimpleirean shìos.)
- (4) Gheibhear àireamh bheag de dh'fhaclan uaireannan le schwa às-tuislidh de ghnè (2) shuas, ach uaireannan eile leis an /ɣ/ gun bheum air tuiteam às (a) aig deireadh facail fiù 's eadar dà chonsan agus (b) mar riochdan luaidhte¹⁰⁸⁴ (cf. Ó Dochartaigh 1986 : 211 'this freer type of caducous schwa'). Eisimpleirean : /k^hɔhɣɣɣ 'k^hL₁uɣ₁s'/ *comharrachluais* ainr. ('AN EAR-MARK') ach /ha xɔhɣɣɣ 'k^hĩ:N't'ɔx i/ *cha chomharr cinnteach i* (seanfhal, 'YOU CAN'T BE SURE OF HER', cf. Iosua 2:12); /ha k^hɔrk^hɣ 'mɛ hɑN/ *tha*

¹⁰⁸¹ stable /ɣ/

¹⁰⁸² within the same pause-group

¹⁰⁸³ with stress within the sentence having an effect on the matter

¹⁰⁸⁴ citation forms

corca math ann ach /k^hur 'k^hɔrk^h na pɣ^hd^hɑ:t^h/ *cur corc no buntàt* ('PLANTING OATS OR POTATOES'). (Ach gu h-iongantach sa cho-ionadachadh chumanta¹⁰⁸⁵ 'corca abaich' tha an /ɣ/ de ghnè às-tuislidh an uair as e buadhair buaidh-fhaclach¹⁰⁸⁶ a tha ann an 'abaich' agus e gu dìreach a' mion-atharrachadh an ainmeir 'corca'¹⁰⁸⁷ : /beɫ' ɣ g^hɔrk^h apix' ha.ast kɣn 'v[ɪuɣ]N' / 'm beil an corc abaich fhathast gun bhuain? ; ach tha an /ɣ/ air a gleidheadh (fiù 's ron fhuaimreig a tha ga leantainn!) an uair a bhitheas am buadhair 'abaich' aisneiseach don t-suibseig 'corca'¹⁰⁸⁸ : /beɫ' ɣ g^hɔrk^hɣ apix' ha.ast/ 'm beil an corca abaich fhathast?).

6.4.2.2 Tha not aig Borgstrøm air schwa às-tuislidh ann an dualchainnt Gl., far a bheil e ag ràdh (1941 : 88) :

'There is a tendency to drop final ə in many words, notably after occlusives or ç'.

Faic cuideachd Ó Dochartaigh 1987 : 169-71 airson tuilleadh beachdachaidh air an fheinimean ann an dualchainntean Uladh, agus gu sònraichte far a bheil Ó Dochartaigh a' comharrachadh (td. 171) :

'Insofar as the loss of the vowel takes place between a voiceless segment and a pause, it could be regarded as an assimilatory process and to an extent parallel to that found with the devoicing of final stops [ann an cuid de dhualchainntean Uladh]'.

Tha S. Watson (1985 130 -5) a' dèiligeadh ris an fheinimean ann an cuid de dhualchainntean Gàidhlig na h-Alba, agus an dèidh sgrùdaidh mhionaidich air na dàta a thaobh schwa às-tuislidh an Liùrbost a gheibhear ann an Oftedal 1956, tha e a' toirt tuairisgeil air gnè agus air cruth fhòneolach nam faclan sam faighear e. Mar a tha S. Watson a' cur an cèill a thaobh Liùrboist, mar sin an Gl., gheibhear schwa às-tuislidh ann am faclan a bhuineas do na catagairidhean gràmach eadar-dhealaichte ; m.e. ainmearan : /ɛN't^h(ɣ) / *aithn(e)*, /it^h(ɣ) / *it(e)*, /s'N'ɛxk(ɣ) / *sneachd(a)*, /uɪs'k'(ɣ) / *uisg(e)*, le riochdan in-fhillte¹⁰⁸⁹ nam measg /p[ɸ]i's'(ɣ) / *bainns(e)*,

¹⁰⁸⁵ in the common collocation
¹⁰⁸⁶ an epithet adjective
¹⁰⁸⁷ the /ɣ/ is caducous when 'abaich' is an epithet adjective directly modifying the noun 'corca'
¹⁰⁸⁸ the /ɣ/ is retained (even before the following vowel!) when the adjective 'abaich' is predicated of the subject 'corca'
¹⁰⁸⁹ inflected

/fiɣ(ɣ)/ *fiodh(a)*, /L'ɛp^h(ɣ)/ *leap(a)* ; buadhairean : /pL^hast(ɣ)/ *blast(a)*, /tɿɔɾɔɿx(ɣ)/ *dorch(a)*, /fɛɾɣst(ɣ)/ *fearast(a)* bt. ‘furasta’, /fat(ɣ)/ *fad(a)*, /kast(ɣ)/ *gast(a)*, cuideachd ann an riochdan coimeasach /nɾs 'as'k'(ɣ)/ *nas fhaisg(e)*, /nɾs 'as(ɣ)/ *nas fhas(a)*, /nɾs 'mīs(ɣ)/ *nas mios(a)* ; riochdairean roimhearach : /ɛk^h(ɣ)/ *aic(e)*, /as't'(ɣ)/ *aist(e)*, /ast(ɣ)/ *ast(a)*, /ɔɾ^h(ɣ)/ *oirr(e)*, /ɔɾ^h(ɣ)/ *orr(a)* ; na mion-fhaclan neartmhor¹⁰⁹⁰ /s(ɣ)/ *-s(a)*, /s'(ɣ)/ *-s(e)* : /mīs'(ɣ)/ *mis(e)*, /us(ɣ)/ *thus(a)*, /tus(ɣ)/ *tus(a)*, /ɛs'(ɣ)/ *eis(e)* bt. ‘esan’, /is'(ɣ)/ *is(e)*, /s'is(ɣ)/ *sibhs(e)*, /ɛ:ts(ɣ)/ *iads(a)* bt. ‘iadsan’, /ɛk^hɾs(ɣ)/ *aice-s(a)* bt. ‘aicese’, /ɿɔɾɔɿms(ɣ)/ *orms(a)*, /ɔɾ^hɾs(ɣ)/ *oirre-s(a)* bt. ‘oirrese’, /ɣat 'ɛk^hins(ɣ)/ *gad fhaicinn-sa*, /s' ʃn ɾ 'hu:l'ins(ɣ)/ *sin a shaoilinn-s(a)* ; am mion-fhacal deicteach¹⁰⁹¹ : /ɾ 'fɛɾs(ɣ)/ *am fear-s(a)*, /ɾ 'd^he:s(ɣ)/ *an té-s(a)*, /ɾ 'Nu.ir's(ɣ)/ *uibhir-s(a)*, /nɾ 'skɔ̃nix'ɾns(ɣ)/ *na sgonaichean-s(a)* ; co-ghníomhairean : /ɾs 'ta:x(ɣ)/ *is dàch(a)* bt. ‘is dòcha’, /ɾ 'nīs'(ɣ)/ *a-nis(e)* ; riochdan gníomhaireach, an dà chuid finideach agus neo-fhinideach : finideach /ɾ 'fãk^h(ɣ)/ *am fac(a)* (ach tha an t-eisimpleir aig S. Watson 1985 : 131 ‘/ɔs(ə)/ *arsa*’ mì-iomchaidh, a thaobh dualchainnt Gheàrrloch co-dhiù, oir chan fhaighear an gníomhair easbhaidheach seo uair sam bith ro *pausa*, agus ’s e /asɾ/ *asa* a gheibhear an Gl.) ; ainmearan gníomhaireach / ʃis'(ɣ)/ *inns(e)* ; glè thrìc sna deiridhean facail /-t^h(ɣ)/ *-t(a)*, /-t^h(ɣ)/ *-t(e)* aig rang-gabhailean caithte /k'ɑ:ɾt^h(ɣ)/ *geàrrt(a)* (‘WITTY’), /kl'e:st(ɣ)/ *gleust(a)*, /ɾ, /p^hɔ:st(ɣ)/ *pòst(a)*, /t^hil'ijt^h(ɣ)/ *tilgt(e)* (‘ARTIFICIAL’), /t^hɿɔɿɿt^h(ɣ)/ *toilcht(e)*, bt. ‘toilichte’ (ach chan ann, saoilidh mi, ann an /kat^hɾ/ *gabhte* ‘ENGAGED FOR EMPLOYMENT’, /L'et^hɾ/ *leagte* bt. ‘leigte’ ‘RECONCILED’).

6.4.2.3 'S e faclan le freumh-eòlas SG a tha anns na h-eisimpleirean shuas air fad ; ach gheibhear /ɾ/ às-tuislidh le freumh-eòlas eile cuideachd : ann an àireimh bhig de dh'fhaclan a' bunachadh ann an SL : /pa:t^h(ɣ)/ *bàt(a)* ainr., SL cusp. **bát** ; /t^hot^h(ɣ)/ *tobht(a)* ainr. (làrach togalaich, ‘ROOFLESS RUIN’) SL **topt** ; agus gu cumanta ann am faclan-iasaid bho B, BA, m.e. : /pãnk^h(ɣ)/ *banc(a)* ainr., B **bank**, /pɾ^hd^hɑ:t^h(ɣ)/ *buntàt(a)* ainr., B **potato**, BA **pitawtie** (faic CSD s.v.), /k^hɔ:t^h(ɣ)/ *còt(a)* ainr., B **coat**, /tɿɛu:ɿs(ɣ)/ *danns(a)* ainr., B **dance**, /lɔf(ɣ)/ *lof(a)*

¹⁰⁹⁰ emphatic particle

ainr. ('LOAF, WHEATEN BREAD') BA **loaf**, /p^hɔk^h(ɣ)/ *poc(a)* ainr., BA **pock**, /s' [ɛɾɛ].ɣNT^h(ɣ)/ *searbhant(a)* ainr. ('FEMALE SERVANT') B **servant**, /sk' i:r'(ɣ)/ *sgìr(e)* ainr., SB **scìr**, /ũ:s(ɣ)/ *unns(a)* ainr., MB **unce**. A thaobh nam faclan seo uile (ach a-mhàin /pɣ'd^hɑ:t^h(ɣ)/ *buntàt(a)*) 's ann neo-eachdraidheil a tha an /ɣ/ às-tuislidh a tha aca¹⁰⁹²; gheibhear an t-aon suidheachadh cuideachd ann am beagan fhaclan le freumh-eòlas SG : /ɑ:t^h(ɣ)/ *àit(e)* ainr., SG **áit(t)** (DIL s.v. 'áitt', ach le frith-riochd 'áitte' ann am MG : Ó Baoill 1988a : 133), /mǎLix'(ɣ)/ *malaich(e)* ainr. ('AN EYEBROW') cf. SG cusp. tabh. sg. **malaig** (DIL s.v. 'mala'), /t'ɣ 'sahɣRN(ɣ)/ *Disathairn(e)* ainr. dil., MG **dia S(h)atharn** (DIL s.v. '3 día).

6.4.2.4 Gheibhear schwa às-tuislidh ann am faclan a tha dà-lideach ro chall an schwa : /pa:t^h(ɣ)/ *bàt(a)* ainr., /k^hɔ:t^h(ɣ)/ *còt(a)* ainr., /s'N'ěxk(ɣ)/ *sneachd(a)* ainr. ; agus cuideachd ann an riochdan le trì-lidean no le barrachd : /fɛɾɣst(ɣ)/ *fearast(a)* br., /mǎLix'(ɣ)/ *malaich(e)* ainr., /nɣ 'skǒnix'ɣns(ɣ)/ *na sgonaichean-s(a)* alt + ainr. iol. Tha e ri fhaighinn ann am faclan le svarabhakti : /t[ɔɾɔ]x(ɣ)/ *dorch(a)* br., /t^hil' i^ht^h(ɣ)/ *tilgt(e)* rgc., ('ARTIFICIAL'), /s' [ɛɾɛ].ɣNT^h(ɣ)/ *searbhant(a)* ainr. ('FEMALE SERVANT') (an t-eisimpleir seo trì-lideach gu tùsail).

6.4.2.5 Tha S. Watson (1985 : 131), mar thoradh air an sgrùdadh a rinn e air na dàta aig Oftedal 1956, a' comharrachadh a thaobh dualchainnt Liùrboist :

'an examination of that class of words ... where final /ə/ is caducous shows that this contains no instances where the vowel followed unaspirated stops (< historical lenes), almost none after a voiced fricative, none in connection with hiatus, and again no example following /ð, N'/'.

Ach an Gl. tha co-roinn na /ɣ/ às-tuislidh air sgaoidhadh, gu ìre, seach mar a tha i an Liùrbost, oir gheibhear i ann an cuid de dh'fhaclan an dèidh chonsan dùinte neo-analaichte, agus an dèidh

¹⁰⁹¹ deictic particle

¹⁰⁹² the caducous /ɣ/ which they have is non-etymological

/r/, n/ (ach air an làmh eile cha d'fhuaras eisimpleirean de /r/ às-tuislidh a' leantainn consan taobhach an Gl.). Eisimpleirean den cho-roinn an Gl., a' leantainn :

- consain dhùinte ro-analaichte (gu cumanta) : /L'εp^h(r)/ *leap(a)* ainr. gin., /t^hot^h(r)/ *tobht(a)* ainr. ('làrach togalaich'), /k'a:rt^h(r)/ *geàrrt(a)* br., /ʃN't^h(r)/ *aithn(e)* ainr., /it^h(r)/ *it(e)* ainr., /lot^h(r)/ *lot(a)* ainr., /εk^h(r)/ *aic(e)* riochd. roi. 3 sg. boir., /fãk^h(r)/ *fac(a)* gr. preit. eis.
- suathaich neo-ghuthach (gu cumanta) : /nrʌs 'mĩs(r)/ *nas mios(a)* br. coim., /mĩs'(r)/ *mis(e)* riochd. neartmhor, /tʃiɪx'(r)/ *oidhch(e)* ainr., /tʃɔɔɔx(r)/ *dorch(a)* br., /pɛh(r)/ *beath(a)* ainr.
- sònaraich : /fĩ:r'IN'(r)/ *firinn(e)* ainr., /t^hi.ɔRN(r)/ *tighearn(a)* ainr., /tɛ:n(r)/ *dàn(a)* br. ('BOLD') ; /k^hʒhʌR(r)/ *comharr(a)* ainr., gun eisimpleir de /-r(r)/, /sk'ir'(r)/ *sgìr(e)* ainr., /ɔR^h(r)/ *orr(a)* riochd. roi. 3 iol., /ɔr^h(r)/ *oirr(e)* riochd. roi. 3 sg. boir., gun eisimpleir de /-r^h(r)/ ; gun eisimpleir de /-L'(r), -L(r), I'(r), -L^h(r), I^h(r)/.
- consain dhùinte neo-analaichte : /lɑLɑp(r)/ *Alb(a)* ainr. dil., /fat(r)/ *fad(a)* br., /fɛrʌst(r)/ *fearast(a)* br., /ɑ:rt(r)/ *àird(e)* ainr. ('HEIGHT'), /slã:N't'(r)/ *slàint(e)* ainr., /as't'(r)/ *aist(e)* riochd. roi. 3 sg. boir., /t'i:k'(r)/ *dìg(e)* ainr. ('DITCH, DRAIN'), /wɪs'k'(r)/ *uisg(e)* ainr., /Lluruɔk(r)/ *lurg(a)* ainr., /s'N'ẽxk(r)/ *sneachd(a)* ainr., /trũng(r)/ *drung(a)* ainr. ('A TRUNK').
- suathach guthach : aon eisimpleir, /fiɔ(r)/ *fiodh(a)* ainr. gin. (mion-atharraiche) (ach cuideachd /fiɔ/ *fiodh* gun schwa aig deireadh facail air chor sam bith).

6.4.2.6 Tha an suidheachadh an Gl. san fharsaingeachd, a rèir coltais, a' toirt taice don hipiteis¹⁰⁹³ aig S. Watson (1985 : 131-2) a thaobh cinneachaidh na /r/ às-tuislidh :

'it would appear most likely that the vowel loss arose first after a particular class of voiceless consonants, spreading subsequently to other classes. On the basis of the Leurbost material it would seem that the feature first arose after tenuesThe feature

¹⁰⁹³ hypothesis

may subsequently have spread to voiceless fricatives, semi-vowels and *r-*, *l-*, and *n-* consonants’.

Agus a-rithist (*op. cit.* : 132) :

‘it is clear that the loss of final /ə/ in pausa appears commoner in some of the more northerly Scottish Gaelic dialects, e.g. Lewis and west Ross-shire ..., and that there is a certain regularity to be observed in the rules governing its occurrence in at least one of these dialects [dualchainnt Liùrboist — RGW], i.e. in the case of words where an historical tenuis preceded the historical short final vowel, and where this vowel has not disappeared, caducous /ə/ will be found’.

A thaobh dualchainnt Gl. faodar aontachadh ris an riaghailt seo aig S. Watson cuideachd ; a bharrachd, chì sinn an schwa às-tuislidh am pròiseas a bhith a’ sgaoileadh tro na consain dhùinte neo-analaichte, am pàirt dh’fhaodadh e a bhith mar thoradh air bruthaidhnean morf-eòlach¹⁰⁹⁴ (*cf.* S. Watson 1985 : 133). (Dh’fhaodadh an dìth eisimpleirean de /ɣ/ às-tuislidh a’ leantainn nan consan taobhach an Gl. a bhith gu ìre mar thoradh air beàrnan san adhbharrach¹⁰⁹⁵.)

6.4.3 Call /ɣ/ tro aifeise

6.4.3.1 Ann am Liùrbost fhuair Borgstrøm (1956 : 149-50) gu bheil /ɣ/ ro-chlaonach gu riaghailteach às-tuislidh¹⁰⁹⁶ :

‘it is always dropped in normal speech except between consonants, even initially before such clusters as might be imagined to require a preceding vowel (*mb*, *nt*, etc.)’

Saoilidh mi san fharsaingeachd gur e seo an suidheachadh an Gl. cuideachd ; gu cinnteach tha /ɣ/ ro-chlaonach air a bàthadh no air a ro-bhàthadh¹⁰⁹⁷ an co-thadhal ri fuaimreag eile mar a bhite an dùil. Ach tha a’ chùis caran iom-fhillte aig toiseach còmhlain-fhosaidh ro chonsain no ro chòmhlain-chonsan¹⁰⁹⁸. Ma chleachdar an t-eisimpleir aig Oftedal (1956 :149), an Gl.

¹⁰⁹⁴ morphological pressures

¹⁰⁹⁵ a result of gaps in the material

¹⁰⁹⁶ proclitic /ɣ/ is regularly caducous

¹⁰⁹⁷ suffers elision or predelision

¹⁰⁹⁸ initially in a pause-group before consonants or consonant clusters

cluinnear ann an cainnt nòrmalaich¹⁰⁹⁹ /₁bɑLɔX ɣ 'xũNɣ mi/ *am balach a chunnaic mi*, leis a' chiad chonsan gu fogharach /^[m]b]ɑLɔX/ no /^[ʌm]b]ɑLɔX/, agus an /ɣ/ ro-chlaonach air tuiteam às neo air a fuaimneachadh gu neo-lideach¹¹⁰⁰. Ach an uair a bhitheas am facal air a neartachadh¹¹⁰¹ tha an /ɣ/ ro-chlaonach air a gleidheadh : /ɣ ₁bɑLɔX ɣ 'xũNɣ mi/, gu fogharach /^[ʌ] ₁^[m]b]ɑLɔX/. San aon dòigh, ann an cainnt nòrmalaich bidh an /ɣ/ ro-chlaonach a' tuiteam às ann an abairt mar /b^hr'i hat' ɑNɣ d'i:t'ɣ/ 'm prith iad ann an tìde ('WILL THEY COOK IN TIME?'), a' chiad chonsan gu fogharach /^[m]b^hr'i/ no /^[ʌm]b^hr'i/ ; ach an uair a bhitheas i air a neartachadh cluinnear /ɣ 'b^hr'i hat'/, gu fogharach /^[ʌ] ^[m]b^hr'i hat'/ *am prith iad?* Tha an /ɣ/ ro-chlaonach a' tuiteam às gu buileach ann an cainnt nòrmalaich ron riochd làthaireach èisimeileach den ghniomhair shusbainteach¹¹⁰², m.e. /bel' u 't'es'ɔl'/ 'm beil thu deiseil? leis a chiad chonsan gu fogharach /^[b]el'/, ach a-rithist ann an suidheachadh neartachaidh¹¹⁰³ cluinnear /ɣ 'bel'/ *am beil?* , gu fogharach /^[ʌ] ^[b]el'/. Ann a bhith a' freagairt ceist tha mi am barail gum bi mion-fhacal mar seo uaireannan a' tuiteam às agus uaireannan air a gleidheadh ; saoilidh mi co-dhiù nach bi e às-tuislidh chun na h-ìre agus gum bi e a' tuiteam às an-còmhnaidh ann an cainnt nòrmalaich¹¹⁰⁴. Mar sin, ann a bhith a' freagairt na ceiste 'Càite an deach i?' cluinnear mar fhreagairt, ann an cainnt nòrmalach neo-neartmhor¹¹⁰⁵, m.e. (le toiseach an ath fhacail air a shèimheachadh) an dà chuid /ɣ 'ʎɑ:RLɔX/ a Gheàrrloch agus /ʎɑ:RLɔX/ *Gheàrrloch* (na dhà gu bun-tomhasach 'do Gheàrrloch') ; no (le toiseach-facail nach gabh a mhùthadh¹¹⁰⁶ a' leantainn a' mhion-fhacail) an dà chuid /ɣ ₁LɔX mɣ 'ri.i/ a *Loch Ma-Ruibhe* agus /₁LɔX mɣ 'ri.i/ *Loch Ma-Ruibhe* (na dhà gu bun-tomhasach 'do Loch Ma-Ruibhe'). A thaobh a' mhion-fhacail ghairmich¹¹⁰⁷, tha mi am barail gu bheil seo cuideachd air a ro-bhàthadh ann an cainnt nòrmalaich, m.e. /'ʎʌ:i.l', ₁hɔr' ʎʌ hɣ 'sɑLɣN/ *Dhòmhnail, thoir dhomh an salann*, ach gu bheil e air a ghleidheadh ann an suidheachadh neartmhor, m.e.

¹⁰⁹⁹ in normal speech

¹¹⁰⁰ pronounced non-syllabically

¹¹⁰¹ emphasised

¹¹⁰² before the present dependent form of the substantive verb

¹¹⁰³ in a situation of emphasis

¹¹⁰⁴ it is not caducous to the degree that is always dropped in normal speech

¹¹⁰⁵ in normal non-emphatic speech

¹¹⁰⁶ a word whose initial cannot be mutated

¹¹⁰⁷ vocative particle

/ʁ 'yʒ:.iL' / a *Dhòmhnaill!* (ag èigheachd air neach, ann an rùm eile mar eisimpleir), /ʁ 'v ʔk' ʁ 'dʰɑ:tɔN' / a *mhic an t-Sàtain!*

6.4.3.2 Anns na h-eisimpleirean a tha S. Watson (1985 : 127) a' sealltainn de chall /ʁ/ ro-chlaonach¹¹⁰⁸ bhon obair aig Borgstrøm ann an Ros an Iar, tha e ag ràdh :

'Borgstrøm ... does mark the caducous nature of the vowel in such forms as [(ə) vos] a *bhos*, [(ə) max] a *mach*, [(ə) staj] a *staigh* for Ross-shire' ;

ach tha e duilich a bhith cinnteach gu bheil an [ə] (no /ʁ/) ro-chlaonach gu firinneach às-tuislidh an seo, oir sa chumantas chan fhaighear na co-ghnìomhairean a tha sa cheist aig toiseach gnìomh-labhairt¹¹⁰⁹. Mar sin dh'fhaodadh gu bheil Borgstrøm dìreach a' comharrachadh leis na samhlaidhean [(ə)] gum bi an fhuaimreag schwa seo air a bàthadh ro fhuaimreig eile. (Air an làimh eile, tha an /ʁ/ ro-chlaonach gu follaiseach air chall ann an abairtean a leithid /'mɛx α ,s'ɔ/ *mach à seo!* ; /'s'ɪ'ɛx l'ɛtʰ/ *steach leat!* agus mar thoradh air an sin thèid an comharrachadh mar às-tuislidh san tràchdas seo.)

6.4.3.3 Mar a thug Oftedal (1956 : 150 ; faic cuideachd Ó Dochartaigh 1986 : 212 not 1) an aire, an uair a bhitheas dà /ʁ/ gun bheum a' leantainn a cheile thèid a h-aon a chur nan àite, agus tha e gun tàbhachd co-dhù an canar (agus an seallar san litreachadh fhogharach) gur e an schwa aig deireadh facail no am fear aig toiseach an ath fhacail a thuit às. Eisimpleirean : /ʁ dʰɑ:tʰʁ 'pɛ:R l'ũm/ an *t-àite b' fheàrr leam* no an *t-àit' a b' fheàrr leam*, /kʰɔr'ʁ 'R[ʁ]ʁ ,stakʰ/ *Coir' an Ruadh-stac* no *Coire 'n Ruadh-stac* (ainm-àite).

6.4.4 Call /ʁ/ tro shioncoip

Eisimpleirean : /arʰʁs' / *athrais* gr. àithn. ('TELL, RELATE ; IMITATE'), cf. SG **aithris** (DIL s.v.), dh'fhaodadh tro shioncoip¹¹¹⁰ bho NGA 'atharrais' no bho 'ath-aithris' ; /t'ʔiɑjNtanɔx/ *dèantanach* br. ('WELL-BUILT'), am beachd S. Watson 1985 : 125 bho 'dèanadanach' ;

¹¹⁰⁸ of loss of proclitic /ʁ/

¹¹⁰⁹ as these adverbs are not normally found in utterance initial position

/ĩɑ₁Ntʌs/ *iong(an)tas* air., cf. SG **ingantus**, cuideachd cf. **ingnad** (DIL s.vv.), tha Gl. /ĩɑ₁Ntʌs/ dh'fhaodadh a' bunachadh ann an riochd le sioncoip *'ingtas'¹¹¹¹; dh'fhaodadh /s'jɔ:ltʰar'/ *seòltair* air., bt. 'seòladair' (faic S. Watson 1985 : 125 ; 1986 : 58 §32), ach cf. NGT 'seòltórachd' 'sailing' (DIL s.v.) ; /sĩũɑ₁N'tʌs/ *suaithneas* air. ('BADGE, DISTINGUISHING MARK') bt. 'suaicheantas' (Dwelly s.v.), is dòcha tro shioncoip bho MG **súaitheantas** (DIL s.v. 'súaichentas') ; /ĩũɑ₁Li/ *uamhlaidh* br. ('TERRIBLE, TERRIBLY') dh'fhaodadh tro lambdachas¹¹¹² < */ĩũɑ₁Ri/ **uamhrraidh*, le iar-leasachan /-i/ agus sioncoip < */ĩũɑ₁vʌr/ **uamharr* < SG **úathmar** (DIL s.v.).

¹¹¹⁰ syncope

¹¹¹¹ may derive from a syncopated form *'ingtas'

¹¹¹² lambdacism